# Bòrd na Gàidhlig

| A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan | Policy & Resources Committee |
|---|---|
| **Dimàirt 01/11/2022 09.30 – 11.30** | **Tuesday 01/11/2022 09.30 – 11.30** |
| **Tro Teams** | **Via Teams** |

| | | |
|---|---|---|
| | **GEÀRR-CHUNNTAS**<br>**SEISEAN FOSGAILTE** | **MINUTE**<br>**OPEN SESSION** |
| **1.0** | **CÙISEAN TÒISEACHAIDH** | **OPENING ITEMS** |
| **1.1** | **Fàilte is Leisgeulan**<br>**Buill Bùird an Làthair:**<br>Màiri NicAonghais (Cathraiche) [MTNA]<br>Dòmhnall MacAoidh [DMA]<br>Nicola NicThòmais [NNT]<br><br>**A' frithealadh:**<br>Shona NicIllinnein, Ceannard [SNI]<br>Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh [IMM]<br>Nicola Pearson, Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra [NP]<br>Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlaim [SW]<br>Louise NicIlleathain, Manaidsear Gnìomhan [LNI] – *Puing 3*<br>Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan [SK] – *Puing 4.2*<br>Christie NicIlleathain, Manaidsear Planaidh [CNI] – *Puing 6*<br>Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais [OND]<br><br>**Leisgeulan:**<br>Cha robh gin ann. | **Welcome & Apologies**<br>**Board Members Present:**<br>Màiri MacInnes (Chair) [MTMI]<br>Donald MacKay [DMK]<br>Nicola Thomson [NT]<br><br>**In Attendance**<br>Shona MacLe<br>nnan, Ceannard [SML]<br>Iain MacMillan, Director of Development [IMM]<br>Nicola Pearson, Head of Finance and Corporate Affairs [NP]<br>Jim Whannel, Direction of Education [JW]<br>Louise MacLean, Operations Manager [LML] – *Point 3*<br>Steven Kellow, Funding & Projects Officer [SK] – *Point 4.2*<br>Christie MacLean, Plans Manager [CML] – *Point 6*<br>Orla MacDonald, Recording the Minutes [OMD]<br><br>**Apologies:**<br>There were none. |
| **1.2** | **A' nochdadh Chom-pàirtean**<br>Cha robh gin ann. | **Declarations of Interest**<br>There were none. |
| **1.3** | **GISBE**<br>Cha robh gin ann. | **AOCB**<br>There were none. |
| **3.0** | **RIAGHLADH** | **GOVERNANCE** |
| **3.1** | **Poileasaidh a thaobh urram san àite obrach**<br>Thug LNI geàrr-chunntas seachad air a' phoileasaidh agus air an adhbhar air a shon.<br><br>Chaidh ceist a thogail a bheil am poileasaidh air fad no dìreach na dleastanasan corporra a' bualadh air Buill.<br><br><u>Gnìomh:</u><br>Nì LNI soilleir a bheil am poileasaidh seo a' buintinn ri Buill.<br><br><u>Co-dhùnadh:</u><br>Dh'aontaich Buill ris a' phoileasaidh mar a chaidh a thaisbeanadh. | **Dignity at work policy**<br>LML gave an overview of the policy and the reason it has been developed.<br><br>A question was raised whether the whole policy or just the corporate responsibilities apply to Members.<br><br><u>Action:</u><br>LML will confirm whether the policy applies to Members.<br><br><u>Decision:</u><br>Members approved the policy as presented. |
| **4.0** | **IONMHAS** | **FINANCE** |
| **4.1** | **Aithisg Ionmhais gu 30/09/2022**<br>Thug NP geàrr-chunntas seachad air an aithisg ionmhais. Thathar an dùil ri làn chaiteachais airson na bliadhna agus mhìnich i far an tig fo-chosgaisean is ro-chosgaisean a chothromachadh tron bhliadhna. Dh'iarr Buill gun tèid àireamh sa cheud airson | **Finance Report to 30/09/2022**<br>NP gave an overview of the finance report. A full spend for the year is forecast and she explained where any underspends and overspends will balance out throughout the year. Members requested that a percentage for variation is shown in the table. They also commented on the high quality of the information presented. |

| | | |
|---|---|---|
| | caochlaidhean a shealltainn sa chlàr. Thug iad moladh air cho math ’s a tha am fiosrachadh san aithisg. | |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Thug Buill fa-near don aithisg ionmhas. | <u>Decision:</u><br>Members noted the finance report. |
| **4.2** | **Prìomhachasan Sgeamaichean Taic-airgid 2023/24**<br>Thug SK cùl-fhiosrachadh seachad air na sgeamaichean agus air na thathar a’ sireadh bho Bhuill. | **Priorities for 2023/24 funding schemes**<br>SK provided background information on the funding schemes and what is being sought from Members. |
| | Dh’fhaighnich Buill mun ìre de maoineachadh a bhios na sgeamaichean seo a’ lìbhrigeadh agus dhearbhaich SK gu bheilear, mar as àbhaist, a’ tabhann suas ri 80% agus gu bheilear an dùil gun tig an còrr den airgead bho bhuidhnean eile. | Members asked about the level of funding provided by these schemes and SK confirmed that, usually, the maximum awarded is up to 80% and it is expected that the remaining funding will come from other organisations . |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Dh’aontaich Buill ris na prìomhachasan mar a chaidh a thaisbeanadh. | <u>Decision:</u><br>Members approved the priorities as presented. |
| **5.0** | **PLANA GNÌOMH 22-23** | **OPERATIONAL PLAN 22-23** |
| **5.1** | **Plana Gnìomh 2022/23 – Sgrùdadh**<br>Thug IMM fios gu bheil Buill air cuid den fhiosrachadh seo fhaicinn roimhe ach gu bheil fios às ùr ann. Thug e fios air dè an t-adhartas a rinneadh le 16 gnìomhan air an crìochnachadh agus 20 nach eil air tòiseachadh fhathast. Bithear a’ coimhead air gach gnìomh gu mionaideach airson dèanamh cinnteach gun tèid a h-uile dad crìochnachadh taobh a-staigh nan clàran-ama iomchaidh. | **Operational Plan 2022/23 – Monitoring**<br>IMM informed Members that they have seen some of this information before but there have been updates. He explained the progress that there has been with 16 actions completed and 20 not yet started. All actions will be looked at in detail to ensure that everything is completed on time. |
| | Mhol Buill cho soilleir ’s a bha an clàr. | Members praised the clarity of the table. |
| | Chaidh ceist a thogail ciamar a thèid na dathan a thaghadh airson nan gnìomhan. Thug IMM barrachd fios air seo agus gum bi seo nas soilleire san àm ri teachd nuair a tha obair air a’ Phlana Chorporra dèante. | A question was raised as to how the colours for the actions are chosen. IMM gave more information on this and that this will be clearer in the future when work on the Corporate Plan is complete. |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear. | <u>Decision:</u><br>Members noted the information in the paper. |
| **6.0** | **CLEACHDADH** | **USAGE** |
| **6.1** | **Planaichean Gàidhlig**<br>Thug CNI iomradh air na Planaichean Gàidhlig, na h-ìrean aig a bheil iad agus na cothroman a tha nan lùib. | **Gaelic Language Plans**<br>CML provided an overview of the Gaelic Language Plans, the stages they are at and the opportunities that they present. |
| | **PT1 PGR072 E01 Coilltearachd is Fearann Alba**<br><u>Co-dhùnadh:</u><br>Dh’aontaich Buill ris a’ Phlana mar a chaidh a thaisbeanadh. | **PT1 PGR072 E01 Forestry and Land Scotland**<br><u>Decision:</u><br>Members approved the Plan as presented. |
| | **PT2 PGR065 E03 Ùghdarras Theisteanas na h-Alba** | **PT2 PGR065 E03 Scottish Qualifications Authority** |
| | Bhruidhinn SW agus CNI air cothroman eile a tha ann airson Gàidhlig a bhrosnachadh ann am buidheann den t-seòrsa seo. Thug SW fios gun do dh’fhosgail co-chomhairle air deuchainnean is teisteanasan agus | JW and CML highlighted other opportunities that exist for promoting Gaelic in an organisation such as this. JW advised Members that a consultation has opened on examinations and qualifications and that BnG will submit a |

| | | |
|---|---|---|
| | gum bi BnG a’ cur freagairt a-staigh air seo a bhios a’ leantainn air na bha sa Phlana seo. | response to this which will expand on recommendation in this Plan. |
| | Thog Bhuill gun robh dragh orra nach robh cuid de thargaidean sa Phlana làidir gu leòr agus thug CNI fios gu bheilear air bruidhinn ris a’ bhuidhinn air puingean mar seo. | Members raised that they were concerned that some targets in the Plan were not strong enough and CML informed that she has been in communication with the organisation over such points. |
| | Chaidh còmhraidhean a chumail mu bhuidheann ùr le ceannas airson teisteanasan agus cho cudromach ’s a tha e gum bi foghlam Gàidhlig aig teis meadhain na buidhne seo. | Discussions were held about a new organisation in charge of qualifications and how important it will be for Gaelic education to be at the heart of it. |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Dh’aontaich Buill ris a’ Phlana mar a chaidh a thaisbeanadh. | <u>Decision:</u><br>Members approved the Plan as presented. |
| | **PT3 PGR065 Geàrr-iomradh air adhartas le E02 Ùghdarras Theisteanas na h-Alba**<br>Thug CNI fios gun robh seo ann mar chùl-fhiosrachadh airson puing 6.1 PT2. | **PT3 PGR065 Scottish Qualifications Authority Information of progress with E02**<br>CML told members that this paper provided background for point 6.1 PT2. |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Thug Buill fa-near don phàipear. | <u>Decision:</u><br>Members noted the paper. |
| **7.0** | **IONNSACHADH** | **LEARNING** |
| **7.1** | **Aithisg ùrachaidh – Trusadh is Gleidheadh Luchd-teagaisg**<br>Thug SW fios air na bhathar a’ dèanamh le Bòrd na Gàidhlig gus taic a thoirt do thrusadh is gleidheadh luchd-teagaisg, mar eisimpleir tadhal air sgoiltean agus co-labhairtean is tachartasan do thidsearan probhaidh. | **Update Report – Teacher Recruitment and Retention**<br>SW provided information on steps being taken by Bòrd na Gàidhlig to support teacher recruitment and retention, for example school visits and conferences and events for probation teachers. |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Thug Buill fa-near don phàipear. | <u>Decision:</u><br>Members noted the paper. |
| **7.2** | **Adhartas air Foghlam Àrd-sgoile**<br>Thog SW fios air a’ cho-chomhairle air deuchainnean is teisteanasan, tachartas aig Fèis Ionnsachadh na h-Alba air an Deasbad Nàiseanta air foghlam, agus còmhraidhean le Comann nam Pàrant Nàiseanta is an Riaghaltas. | **Progress with Secondary School Education**<br>SW provided information on the consultation on examinations and qualifications, an event as part of the National Discussion on education at the Scottish Learning Festival and discussions with Comunn nam Pàrant Nàiseanta and the Government. |
| | Thug e iomradh air foghlam ann an Inbhir Chluaidh agus mar a bhios an obair an seo a’ toirt buaidh air foghlam tron Ghàidhlig san àrd-sgoil gu nàiseanta. | He gave an overview on education in Inverclyde and how the work here will affect Gaelic-medium secondary school education nationally. |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Thug Buill fa-near don phàipear. | <u>Decision:</u><br>Members noted the paper. |
| **7.3** | **Àireamhan Luchd-teagaisg Ùra is Oileanaich Teagaisg**<br>Thug SW taing do na Buill airson a bhith ag aontachadh an sgeama bogaidh fhosgladh airson na bliadhna seo agus thug e seachad aithris air a’ bhuaidh a thug seo. | **New Teacher and Teaching Student Figures**<br>JW thanked Members for agreeing to open the immersion funding scheme for this year and reported on the impact of this. |
| | Thog e air cho cudromach ’s a tha cùrsaichean teagaisg ann an Oilthigh Dhùn Èideann airson na Gàidhlig, agus cothroman airson leasachaidhean ann an diofar àiteachan san dùthaich. Thugadh fios air na | The importance of teaching courses in Edinburgh University for Gaelic, and opportunities for developments in various parts of the country, were raised. Information |

| | | |
|---|---|---|
| | h-àireamhan de dhaoine a tha air diofar chùrsaichean airson a bhith teagasg tro mheadhan na Gàidhlig. | was provided on the number of people who have taken a range of courses to teach through the medium of Gaelic. |
| | Dh'fhaighnich Buill a' bheil cùisean air-loidhne air buaidh a thoirt air trèanadh luchd-teagaisg ùra. Dh'innis JW don chomataidh gu bheil na h-àireamhan de dh'oileanach teagaisg air fuireach an ìre mhath seasmhach le 73 aig diofar ìrean de thrèanadh ITE ann an seisean 21-22 agus 68 ann an seisean 22-23. Bha na h-àireamhan de thidsearan gan cur air cùrsaichean bogaidh le taic bhon Bhòrd fhathast ìosal ach seasmhach (2 no 3 gach bliadhna bho thòisich am pandemic). Mar thoradh air buaidhean a' ghalair lèir-sgaoilte tha oilthighean a' gluasad gu modalan lìbhrigidh measgaichte, a tha a' nochdadh chothroman a bharrachd air dùbhlain. | Members asked if online affairs has affected the training of new teachers. JW informed the committee that the numbers of student teachers have remained relatively stable with 73 at different levels of ITE training in the session 21-22 and 68 in the session 22-23. Numbers of teachers being placed on immersion courses with Bòrd support remained low but stable (2 or 3 each year since the start of the pandemic). A feature of the impact of the pandemic has been universities moving to hybrid models of delivery, which presents some opportunities as well as challenges. |
| | Dh'fhaighnich Buill cuideachd ciamar as urrainnear tidsearan a tha ag obair tro mheadhan na Beurla le sgilean Gàidhlig a bhrosnachadh gus a bhith ag obair tro mheadhan na Gàidhlig. Thug SW fios mu dhiofar dhòighean san urrainnear seo a dhèanamh agus cuideachd mu na bacaidhean a dh'fhaodadh a bhith mu choinneamh seo. | Members also asked how teachers who work through the medium of English who have Gaelic skills could be encouraged to work through the medium of Gaelic. JW provided nformation about different ways this could be done and also what the obstacles could be. |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Thug Buill fa-near don phàipear. | <u>Decision:</u><br>Members noted the paper. |
| **8.0** | **PLANA OBRACH NA COMATAIDH** | **COMMITTEE WORK PLAN** |
| **8.1** | **Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan** | **Policy & Resources Committee Work Plan** |
| | Thug a' Cheannard fios gun robh atharraichean air an comharrachadh sa phàipear. | The Ceannard told Members that information on any changes made was shown in the paper. |
| | <u>Co-dhùnadh:</u><br>Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Obrach mar a chaidh a thaisbeanadh. | <u>Decision:</u><br>Members approved the Work Plan as presented. |
| **9.0** | **GNOTHACH IOMCHAIDH SAM BITH EILE** | **ANY OTHER BUSINESS** |
| | Cha robh dad ann.<br>Ceann-latha na h-ath choinneimh: 24/01/2023 | There were none.<br>Date for the next meeting: 24/01/2023 |
| **10.0** | **TAISBEANADH** | **PRESENTATION** |
| | Cha robh taisbeanadh ann aig a' choinneimh seo. | There was no presentation at this meeting. |
| | **SEISEAN DÙINTE** | **CLOSED SESSION** |
| | Cha robh dad ann.<br>*Dùnadh na coinneimh*<br>*Lèirmheas den choinneimh às dèidh làimh* | There were none.<br>*Close of meeting*<br>*Post-meeting Review of meeting* |

| | |
|---|---|
| Ceann-là na coinneimh | 01/11/2022 |
| Dearbhte le Sgioba-stiùiridh | 15/11/2022 |
| Air adhart gu Cathraiche na Comataidh airson dearbhadh/atharrachadh | 15/11/2022 |
| Dearbhte le Cathraiche na Comataidh | 01/12/2022 |
| Air falbh airson dearbhadh/eadar theangachadh | 29/11/2022 |
| Dearbhte le Buill an CPG | 12/12/2022 |
| Dearbhadh air atharraichean a bharrachd le ET | 05/12/2022 |
| Dearbhadh air co-ionannachd eadar a' Ghàidhlig is a' Bheurla san dreach dheireannach | 05/12/2022 |